

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 391. Note that there is also a simplified version called *An Litir Bheag* which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 87 corresponds to Litir 391.

**Tha sinn cleachdte ri tuiltean** anns na h-aibhnichean againn, nach eil? Tha mòran dhen bheachd gur e Blàthachadh na Cruinne as coireach ris an uiread de thuiltean a tha sinn a’ faighinn. Ach fada mus robh guth air a leithid, bha tuiltean fìor dhona ann. Am measg an fheadhainn a bu mhiosa a chaidh a chlàradh a-riamh bha na tuiltean mòra ann an ochd ceud deug, fichead ’s a naoi (1829).

Mar a chunnaic sinn an t-seachdain sa chaidh, bha iad dona gu leòr ann an Siorrachd Rois. Bha iad dona cuideachd ann an Cataibh, Gallaibh agus Arcaibh. Ach ’s e Moireibh an t-àite a bu mhotha a dh’fhuiling. Bha dìle uabhasach anns a’ Mhonadh Ruadh agus anns a’ Mhonadh Liath. Agus chaidh uisge mòr a-steach gu trì aibhnichean gu h-àraidh – Uisge Losaidh, Uisge Èireann agus Uisge Narann. Bha lighe mhòr anns na trì.

Thòisich e air sileadh feasgar na Sàbaid, an dàrna latha dhen Lùnastal. Ann an Hunndaidh eadar còig uairean sa mhadainn air an treas latha agus còig uairean sa mhadainn air a’ cheathramh latha dhen mhìos, thuit trì òirlich de dh’uisge. Bha sin co-ionann ris an t-siathamh pàirt de na bhiodh an t-àite sin a’ faighinn ann am bliadhna. Tha Hunndaidh pìos mòr air falbh bho na beanntan. Is cinnteach gun robh fad a bharrachd na trì òirlich air talamh àrd a’ Mhonaidh Lèith.

Rinn an tuil sgrìos air mòran drochaidean. **Bha muileann fùcaidh, no muileann luadhaidh, ann am Fàilleadh** ann an Srath Narann. Bha uidheamachd ann a bhathar a’ cleachdadh airson clò a luadhadh. Bha an uidheamachd trom. Ach, a dh’aindeoin sin, chaidh a sguabadh air falbh leis an t-sruth. Agus stad i mu dheireadh naoi mìle nas fhaide sìos an abhainn.

Aig Clàbha, ann an Srath Narann, tha seann bharpaichean ainmeil. Sin àiteachan, air an dèanamh de chloich, far an deach daoine a thiodhlacadh anns an t-seann aimsir. Tha na barpaichean air a bhith ann bho Linn an Umha. Gu fortanach sheas iad an aghaidh na tuile. Sheas, agus clach mhòr mhòr a bha aithnichte do mhuinntir an àite mar *Clach Mhòr a’ Chruaidh-ghoirtein*. Ach cha robh Muileann Chlàbha cho fortanach. Chaidh a sguabadh air falbh.

Bha an aon stòiridh aig na daoine a bha a’ fuireach faisg air na trì aibhnichean. Chaidh sgrìos a dhèanamh air Cala Inbhir Narann. Chaidh an drochaid air rathad mòr an Rìgh, thairis air Uisge Èireann, a leagail. Chaill daoine taighean, bàrr is stoc.

Agus cha robh an gnothach seachad. Dìreach trì seachdainean às dèidh sin – air an t-seachdamh latha fichead dhen Lùnastal – bha dìle bhàthte ann a-rithist. Agus thachair an aon seòrsa sgrìos a-rithist. Bha uidheamachd muileann luadhaidh Fàillidh air ais ann am Fàilleadh. Ach chaidh a sguabadh air falbh a-rithist. Bha Muileann Chlàbha air a thogail as ùr. Chaidh a

sgrios a-rithist leis an dàrna tuil. Chaidh tuilleadh millidh a dhèanamh air Cala Inbhir Narann is mòran àiteachan eile.

Bha dithis uaislean ann an Caisteal Chaladair airson sealg. Dh'fhalbh fear de luchd-obrach a' chaisteil ann an cairt airson na màileidean aca a thoirt a dh'Inbhir Nis. Dh'fheuch e ri faighinn tarsainn na h-aibhne ach chaidh a sguabadh air falbh leis an t-sruth. Chuir e seachad seachd uairean a thìde ann am meadhan na h-aibhne – air an oidhche – mus d' fhuair e a-mach gu sàbhailteachd. Sin mar a bha cùisean ann an *Tuil Mhòr Mhoireibh* ann an ochd ceud deug, fichead 's a naoi.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Siorrachd Rois: *Ross-shire*; lighe: *flooded area caused by a burn or river breaking its banks*; Lùnastal: *August*; òirlich: *inches*; uidheamachd: *equipment*; barpaichean: *chambered cairns*; Muileann Chlàbha: *The Mill of Clava*; tuil: *flood*; Caisteal Chaladair: *Cawdor Castle*; màileidean: *bags, cases*; sàbhailteachd: *safety*.

**Abairtean na Litreach:** Blàthachadh na Cruinne: *Global Warming*; an uiread de thuiltean: *the [large] number of floods*; fada mus robh guth air a leithid: *long before such things were being talked about*; a chaidh a chlàradh a-riamh: *that were ever recorded*; Cataibh, Gallaibh agus Arcaibh: *Sutherland, Caithness and Orkney*; 's e Moireibh an t-àite a bu mhotha a dh'fhuiling: *Moray is the place that suffered most*; dìle uabhasach: *a terrible downpour*; Uisge Losaidh, Uisge Èireann agus Uisge Narann: *the River Lossie, Findhorn River and the River Nairn*; thòisich e air sìleadh: *it started to rain*, co-ionann ris an t-siathamh pàirt de na bhiodh X a' faighinn ann am bliadhna: *equivalent to a sixth of what X would receive in a year*; tha Hunndaidh pìos mòr air falbh bho na beanntan: *Huntly is a good distance away from the mountains*; is cinnteach gun robh fad a bharrachd na: *it's certain that much more than*; talamh àrd a' Mhonaidh Lèith: *the high ground of the Monadh Liath*; a bhathar a' cleachdadh airson clò a luadhachadh: *which was used to full cloth*; chaidh a sguabadh air falbh: *it was swept away*; far an deach daoine a thiodhlacadh: *where people were buried*; Linn an Umha: *The Bronze Age*; sheas iad an aghaidh na tuile: *they withstood the flood*; Clach Mhòr a' Chruaidh-ghoirtein: *the big stone of the little hard field*; rathad mòr an Rìgh: *the main road*; dìle bhàthte: *a terrible downpour*; dithis uaislean: *two gentlemen ("toffs")*; Tuil Mhòr Mhoireibh: *The Great Flood[s] of Moray (known in Scots as "The Muckle Spate")*.

**Puing-chànain na Litreach:** **bha muileann fùcaidh, no muileann luadhaidh, ann am Fàilleadh:** *there was a fulling mill at Faillie. The point this week is about rescuing the verb fùc, fùcadh from oblivion. The verb most commonly used today for the waulking or fulling of cloth is luadh, luadhachadh, which is well known to us from the òrain luadhaidh (waulking songs) of the Western Isles. But there is another verb fùc, fùcadh and it wouldn't surprise me if it had been used by the Gaelic speakers of Moray. Fùcadair means a waulker or fuller and his trade is known as fùcadair eachd. The Gaelic for the surname Walker is Mac an Fhùcadair and it is likely that the original for the unusual looking Moray place name Maggiknockater is Magh an Fhùcadair (the plain of the fuller).*

**Gnàths-cainnt na Litreach:** **Tha sinn cleachdte ri tuiltean:** *we're used to floods. Cleachdte ri: used to.*

\* Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.